

## Cuairt-litir a' Chomuinn Ghàidhealaich

### An Comunn Gàidhealach Newsletter



#### Clàr-innse

- Tha An Comunn Gàidhealach a' cur fàilte air Ceann-suidhe ùr.....2
- Fiosrachadh a thaobh Mòdan.....4
- Earranan Ainmichte 2017.....6
- Atharrachaidhean ri pìosan ainmichte.....9
- Mòdan Ionadail.....10
- Mòd Loch Abar.....14
- TradFest Dhùn-Èideann.....18
- Cùrsa Ceum Ùr do Thidsearan Gàidhlig gu bhith air a Thabhan le Sabhal Mòr Ostaig.....22
- Fèis nam Meadhnan Ceilteach.....26
- Care for a Cèilidh.....27

#### Contents

- An Comunn Gàidhealach welcomes new President.....2
- Mòd Information.....4
- Prescribed Pieces 2017.....6
- Changes to Prescribed Pieces.....9
- Provincial Mòds.....10
- Mòd Loch Abar.....14
- TradFest Edinburgh .....18
- New Degree Course for Gaelic Teachers to be Delivered at SMO.....22
- Celtic Media Festival.....26
- Care for a Cèilidh.....27

# Tha An Comunn Gàidhealach a' cur fàilte air Ceann-suidhe ùr

An dèidh 10 bliadhna mar Cheann-suidhe air a' Chomunn Ghàidhealaich tha Iain Macleòid a' leigeil dheth an dreuchd agus thathas a' cur fàilte air Ailean Caimbeul na àite.

'S e Sgitheanach a th'ann an Ailean, a' fuireach an Inbhir Nis, agus a tha air a bhith an sàs ann an obair a' Chomuinn agus a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail o chionn iomadh bliadhna. Tha e air a bhith na stiùiriche air Bòrd-stiùiridh a' Chomuinn o chionn ochd bliadhna.

Chuir Iain Macleòid fàilte air an naidheachd, "Tha Ailean air cliù a chosnadh dha fhèin ann an coimhearsnachd na Gàidhlig agus bidh an eòlas a th'aige ann an craoladh agus ann an saoghal na Gàidhlig air leth feumail anns an dreuchd. Gu dearbh, tha Ailean glè aithnichte dhan mhòr shluagh an lùib obair a' Mhòid a' libhrigeadh prìomh pharpaisean a' Mhòid. Gu pearsanta, tha e air a bhith na urram mòr dhomh a bhith nam Cheann-suidhe agus tha cinnt agam gu bheil an dreuchd gu bhith aig fear a leasaicheas gu mòr obair a' Chomuinn agus a' Mhòid. Tha a' bhuidheann a-nis ann an uidheachadh làidir ann a bhith a' leasachadh cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig."

As dèidh Coinneamh Bhliadhnaill a' Chomuinn Ghàidhealaich ann an Loch Abar thuirt Ailean Caimbeul, "Bu mhath leam taing a thoirt do dh' Iain Macleòid airson a shaothair thairis air na deich bliadhna a dh'fhalbh. Tha obair Ceann-suidhe a' Chomuinn Ghàidhealaich gu bhith, dùbhlach ach tlachdmhor. Ged a tha obair mhòr romham tha mi mothachail air na cothroman a tha an lùib na h-obrach.

Tha na buidhnean-taic air an dàingeachadh agus tha e comasach dhuinn leasachadh a dheànamh air cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig thairis air na bliadhnanachan tha romhain. Nì sinn ar dicheall airson cuir ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha mi a' coimhead air adhart ri bhi a' brosnachadh obair a' Chomuinn."

A thuilleadh air an seo tha Seònaid NicDhòmhnaill air a dreuchd a leigeil dhi mar Stiùiriche a' Mhòid.

Tha an obair seo air leth cudromach ann a bhith a' conaltradh eadar luchd-obrach a' Chomuinn Ghàidhealaich agus na coimhearsnachdan a tha toirt taic dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail.

Rinn Ailean Caimbeul moladh air an obair a bha Seònaid air a dhèanamh. "Tha Seònaid air a bhith na stiùir air cùl an tachartais agus tha dòigh nàdarrach agus sgilean sònraichte aice ri bhith dèiligeadh ri gach suidheachadh. Tha sinn fada an comain Seònaid airson an obair mhòr a rinn i agus tha sinn an dòchas gum bi i gar comhairleachadh anns na bliadhnanachan ri teachd nuair a tha feum air an leithid a thaic.



Ailean Caimbeul | Allan Campbell

# An Comunn Gàidhealach welcomes new President

After 10 years as President of An Comunn Gàidhealach Mr John Macleod has stepped aside from the role and welcomed Mr Allan Campbell as the new President. Allan, who is originally from the Isle of Skye and now lives in Inverness, has been involved with An Comunn Gàidhealach and the Royal National Mòd for many years and has served as a Director of the organisation for the last eight years.


John Macleod welcomed the appointment saying “Allan is a well-known and greatly respected member of the Gaelic community. He will bring his vast experience as a broadcaster, and as a Gaelic language campaigner, to the role. Indeed, to many Gaelic speaking households, Allan is already the face of the Mòd through his active role as the presenter of many of the Royal National Mòds biggest events. From a personal point of view, it has been an absolute privilege to have served An Comunn Gàidhealach as President and I am confident that I am handing the role to someone who will further enhance the work of An Comunn and the Royal National Mòd. The organisation is now in a strong position to support the development of our wonderful language; music and culture in the years to come.”



Iain MacLeod | John Macleod

Allan Campbell, speaking following the AGM of An Comunn Gàidhealach in Lochaber, said “I would like to thank John Macleod for his work over the last decade. The role of President of An Comunn Gàidhealach will be both challenging and, hopefully, fulfilling. I do not underestimate the challenges, but I also recognise the opportunities that we are now presented with, through Gaelic Medium Education and the Arts. The supporting infrastructure is now in place and we can help to move the re-emergence of our language, music and culture forward over the coming years. We will strive to fulfill the aspirations outlined in the National Gaelic Plan. I look forward to shaping An Comunn Gàidhealach in the years to come.”

In addition, at the AGM, Janet Macdonald stepped down as the Mòd Director. The role is the key position liaising between the staff of An Comunn Gàidhealach and the communities that support the Royal National Mòd. Allan Campbell paid tribute to Janet saying that he recognised the power of work that Janet has undertaken for over a decade. “Janet has been the driving force behind the smooth running of the huge event that the Royal National Mòd has now become. She has brought a quiet authority and a meticulous attention to detail to the whole event. Her ability to work with everyone in high pressure competitive situations has defined the external perception of the event and we are grateful for her support. We hope that Janet will remain in our midst over the next years to help assure, and direct us, when assurance and direction is needed.”



Seònaid NicDhòmhnaill | Janet Macdonald

## Fàilte air ais | Welcome back

Tha sinn toilichte gu bheil Marina NicAoidh a' tilleadh gu Oifis a Steòrnabhaigh aig toisich a' Ghibleain. Tha Marina air a bhith air Fòrladh Màthaireil airson bliadhna agus bidh i a' tilleadh pàirt-ùine airson trì latha gach seachdain bho toisich a' Ghibleain. Tha sinn uile a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla rithe a-rithist.

We are pleased to be welcoming Marina Mackay back to our Stornoway office. Marina has been on maternity leave for the past 12 months and will be back working with us on a part-time basis for 3 days a week from the beginning of April. We are all looking forward to working with her again.



# Fiosrachadh a thaobh Mòdan

## Mòd Information

### Cinn-latha airson iarrtasan

#### a' Mhòid:

Tron phost:

**31 Cèitean 2017**

Pìosan fèin-thaghte tron phost:

**31 Cèitean 2017**

Pìosan fèin-thaghte air-loidhe:

**30 Ògmhios 2017**

Bidh foirmean agus an siostam air  
loidhne rim faotainn sna  
seachdainean a tha romhainn.  
Cumaibh sùil air an làrach-lìn  
againn agus air duilleagan  
meadhanan sòisealta.

### Mòd entry deadlines are as follows:

Entry by post:

**31 May 2017**

Own Choice Submissions by post:

**31 May 2017**

Online Entries:

**30 June 2017**

Online Own Choice Submissions:

**30 June 2017**

Entries will open in the coming  
weeks. Please keep an eye out for  
more information on our website  
& social media pages.

### Mòdan ri Teachd

#### Future Royal National Mod Dates

**Loch Abar– 13-21 Dàmhair 2017**

*Lochaber - 13-21 October 2017*

**Dùn Omhainn– 12-20 Dàmhair 2018**

*Dunoon - 12-20 October 2018*

**Glaschu– 11-19 Dàmhair 2019**

*Glasgow - 11-19 October 2019*

**Inbhir Nis—Cinn-latha TBC**

*Inverness - Dates TBC*

**Tha Clàr Mòd Nàiseanta Rìoghail Loch Abar ri fhaoitinn a-nis bhon làrach-lìn againn.**

**Dèanaibh cinnteach gun leugh sibh an Clàr agus na Riaghailtean mus cuir sibh iarrtas a-staigh oir tha cuid de  
na farpaisean agus na riaghailtean air atharrachadh.**

**The Syllabus for the Royal National Mòd Lochaber is available from our website.**

**Please make sure to read the Syllabus and Rules before entry as some competitions and rules have been  
updated.**



## Sgeama Measaidh nan Cairtean Gàidhlig | An Comunn Gàidhealach Gaelic Assessment Cards

Tha Sgeama Measaidh nan cairtean Gàidhlig a' toirt taic agus spionadh do dh'fharpaisich an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh, gus am faigh iad na cairtean a tha dhith airson pàirt a ghabhail ann an cuid de dh'fharpaisean a' Mhòid. Ri linn seo, tha Sgeama a' Chomuinn gu mòr a' cur ris an àrdachadh de dh'fheileantas a-measg inbhich agus luchd-labhairt na Gàidhlig agus ri leasachadh na Gàidhlig san fharsaingeachd.

Faodar iarrtas a chur gu An Comunn Gàidhealach gus measadh a dhèanamh aig àm sam bith den bhliadhna **ach tron t-Sultain. B' fheàrr leis a' Chomunn Ghàidhealaich nam b' urrainn do dhaoine Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtasan a' Mhòid.**

**Feumar Measadh a dhèanamh ro cheann-latha iarrtas a' Mhòid an ath bhliadhna.**

Ma tha sibh airson latha measaidh a chur air dòigh no ma tha ceist sam bith agaibh a thaobh na measaidhean, cuiribh fios gu Seonag Anderson: [seonag@ancomunn.co.uk](mailto:seonag@ancomunn.co.uk) no cuiribh fòn gu 01463 709 705.

The Gaelic Assessment Scheme has been in place for a number of years and acts as a benchmark to verify competitors' fluency levels in competitions and to uphold the standard of linguistic skill. The scheme also contributes to the wider role of increasing Gaelic fluency levels among adults as a result.

Appointments for Gaelic Assessment can be made at any time throughout the year, **excluding September**. However, An Comunn Gàidhealach would prefer all entrants requiring a Gaelic Assessment card to compete in the Royal National Mòd to sit their assessment before entry to avoid disappointment.

**Please note that all competitors requiring Gaelic Assessment for the 2018 Royal National Mòd onwards will require to gain their card before the entry deadline for competitions.**

If you are not sure if you need a Gaelic Assessment and would like to book a slot, or have any other questions regarding Gaelic Assessments, please contact Seonag Anderson at [seonag@ancomunn.co.uk](mailto:seonag@ancomunn.co.uk) or phone 01463 709 705.

## Ceann-latha airson Duaisean a Thilleadh

Dèanaibh cinnteach gun till sibh duaisean a' Mhòid ronn ceann-latha ceart, gus an dèan sinn cinnteach gu bheil iad uile againn agus gu bheil iad ann an staid reusanta.

Tha fios againn gu bheil e gu math furasta dìchuimhneachadh an tilleadh ron cheann-latha uaireanan, nuair a tha sibh trang. Feuch gun cùm sibh ri riaghailtean a thaobh tilleadh nan duaisean. Chan ann a-mhàin gu bheil iad gu math prìseil a thaobh airgid, ach tha iad air leth prìseil son an fheadhainn a tha air an toirt seachad dhuinn, gu h-àraidh ma tha iad air an toirt dhuinn mar chuimhneachan prìseil. Tha e cuideachd gu math tàmailteach do dh'fharpaiseach a bhuanneicheas duais am bliadhna, mur a bh' eil duais againn airson a thoirt dhaibh.

## Trophy Return Deadline

Please make sure that you return the Trophies you won at the Royal National Mòd before the deadline so that we can make sure that we have them all and that they are in good condition.

We understand that it can be very easy to forget to return your trophy in time. But please try to adhere to the rules regarding the return of trophies. Not only are they worth a lot of money, but they are very sentimental to many who have donated them, particularly if they have been donated in memory of a loved one.

It also causes disappointment at a Mod if there is no trophy to present as it has not been returned to the office.

**Ceann-latha airson duaisean a' Mhòid Nàiseanta Rioghail a thilleadh  
Royal National Mòd trophy deadline: 31 Iuchar/July 2017**



# Earranan Ainmichte 2017 | Prescribed Pieces 2017

If you have any queries, please do not hesitate to contact Mairi MacLeod at [mairi@ancomunn.co.uk](mailto:mairi@ancomunn.co.uk)

## Earrann na h-Òigridh | Junior Section

- BEUL AITHRIS—Fileantaich
  - ORALS—Fluent**
  - C22 Tha Dadaidh agus Mamaidh
  - C22A(i) Miosachan
  - C22A(ii) Anns an dorchadas
  - C42(i) Bidh mo sheanmhair a' gearan
  - C42(ii) Deich is a' fàs
  - C42 Uilebheist Eilidh
  - C92 Seòladairreachd
  - C142 An roghainn fhèin (Own Choice)
- BEUL AITHRIS—Luchd-ionnsachaidh
  - ORALS—Learners**
  - C26 Tha bòtannan dearg aig Màiri
  - C26A Feagal an tàirneanaich
  - C49 An teaghlaich againne
  - C49A Àm èirigh
  - C100 An Crom-Lus
- BEUL-AITHRIS—Fosgalte
  - ORALS—Open**
  - C150 An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN NA CLOINNE—Fileantaich
  - SOLOS—Fluent**
  - C23 Ho fiream foram
  - C23A(i) An tìsear
  - C23A(ii) Chluinn mi na h-eòin
  - C44(i) Maol Ruanaidh
  - C44(ii) Mo ghille dubh
  - C44A The smeòrach sa mhadainn chiùin
  - C45 Balaich an iasgaich
  - C45A Màiri Òg
  - C95 Hug ò laithill o ho ro
  - C96 Bràigh Loch lall
- ÒRAIN NA CLOINNE—Luchd-ionnsaciadh
  - SOLOS—Learners**
  - C27 Tha sinn uile toilichte
  - C27A An còineachan
  - C51 Tàladh Thròndairnis
  - C51A Eilean uaine fo cheò
  - C52 Toirt m' aghaidh ri Diùra
  - C52A Buain na rainich taobh Loch Èite
  - C102 Gaol an t-Seòladair
  - C103 A Mhàiri dhonn
- ÒRAIN NA CLOINNE— Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
  - SOLOS— Fluent & Learners**
  - C155 An roghainn fhèin (Own Choice)
  - C156 An roghainn fhèin (Own Choice)
- ÒRAIN CHÒSIREAN— Fileantaich
  - CHORAL—Fluent**
  - C71 Balachan beag a' chuailein bhàin
  - C72 Cairistiona
  - C73 Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh
- ÒRAIN CHÒSIREAN— Luchd-ionnsachaidh
  - CHORAL—Learners**
  - C03 Faoin-thàladh
  - C76 I hiùraibh ò chan eil mi slàn
  - C77 Thoir mo shoraidh thar Ghunaigh
  - C78 Fhuair mi nead na gurra-gùig
  - C173 Fonn air a' ghille dhonn
  - C174 Clò Mhic Ille Mhìcheil
  - C175 Leig dhìot an cadal is tionndaidh riùm
  - C175 Maighdeannan a' Choire Dhuibh
  - C175 Bainne nan Gobhar
  - C175 Air an fhèill
- ÒRAIN CHÒSIREAN— Fileantaich & Luchd-ionnsachaidh
  - CHORAL— Fluent & Learners**
  - C110 Gur moch rinn mi dùsgadh
  - C111 An roghainn fhèin (Own Choice)
  - C111 Mo ghruagach dhonn
  - C112 Bat' an Tàilleir
  - C112 Rachainn a shuurghe air Oighrig
  - C112 Buachaille dubh Fionnaghail

## Earrann nan Inbheach | Senior Section

- BEUL AITHRIS– Fileantaich & Luchd-Ionnsachaidh  
**ORALS– Fluent & Learners**  
A200 Eadar samhradh is foghar  
A204 Tilleadh a Hiort  
A205 Na Bleideagan
- ÒRAIN AON NEACH– Fileantaich  
**SOLOS– Fluent**  
A220 An roghainn fhèin (Own Choice)  
A221 An roghainn fhèin (Own Choice)  
A222 Alasdair Ghlinne Garadh  
A223 Cumha na h-òige  
GSL224 Fhir a dhireas am bealach  
GSM224 Cead deireannach nam beann  
A234 Eilean Cholla
- ÒRAIN AON NEACH– Luchd-Ionnsachaidh  
**SOLO– Learners**  
A250 Allt an t-siùcair  
A251 An Dubh Gleannach  
SSL254 Mo dhùthaich fhèin  
SSM254 Thoir dhòmhsha an gleann
- ÒRAIN AON NEACH– Fileantaich & Luchd-Ionnsachaidh  
**SOLOS– Fluent & Learners**  
A271 Eilean Gorm Mhuile  
A272 An roghainn fhèin (Own Choice)

## • ÒRAIN CHÒISEARAN **CHORAL**

- |      |   |
|------|---|
| A300 | Sìne Chaluim Bhàin<br>(Lorn Shield)   |
| A301 | 'S e mo bheachd ort, a bhàis<br>(Lovat & Tullibardine)  |
| A302 | Bu chaomh leam bhith mireadh<br>(Margrat Duncan)  |
| A303 | Thug mi 'n oidhche 'n raoir sunndach<br>(Sherriff MacMaster)  |
| A304 | Ho-rò chan eil cadal orm<br>(Ladies)  |
| A305 | Gille mo luaidh<br>(Ladies)   |
| A306 | Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh<br>Cha tèid mise Mhùgarradh<br>'S ann a' dol a Ghrùlainn<br>(Puir) |
| A307 | Soraidh leis a' bhreacan ùr<br>(Male)   |
| A308 | Poca sil an t-sealgair<br>Nuair a bha mi 'n Cùl a' Bhealaich  |
| A309 | An roghainn fhèin (Own Choice)  |

## Aigeallan Airgid 2017

Feumaidh farpaisich ann an A252 (Mnathan) agus A253 (Fireannaich) òran a thaghadh a tha leantainn cuspair sònraichte. Airson 2017, 's e 'eileanan' cuspair an òran dha farpaisean ann an A252 agus 's e 'seòladh' cuspair an òran dha farpaisean ann an A253.

## Silver Pendant Qualifying 2017

Competitors in A252 (Ladies) and A253 (Men) must choose a song which follows a theme which is specified annually. For 2017, the theme for A252 (Ladies) is 'islands' and for A253 (Men) is 'sailing'.



## Co-fharpaisean Clàrsach | Clàrsach Competitions

Folio of Mòd test pieces are available from:

Eleanor Marshall, Administrator  
Comunn na Clàrsach  
Studio G43  
Out of the Blur Drill Hall  
36 Dalmeny Street  
Edinburgh  
EH6 8RG  
Tel: 0131 554 0212  
Email: office@clarsachsociety.co.uk

### • JUNIOR COMPETITIONS (UNDER 18)

#### Solo singing with self-accompaniment

B320: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clàrsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

#### Solo playing—Introductory class for beginners (Up to Grade 1)\*

B321: Own choice instrumental piece of Gaelic music.

#### Solo Playing—Elementary (Grade 1)\*

B322: a) Cagaran Gaolach Arr. Toni Russell  
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 3 mins.

#### Solo Playing—Intermediate 1 (Grade 2-3)\*

B323: a) Lochaber Reel Arr. Fiona Rutherford  
b) Own choice piece of Gaelic

#### Solo playing—Intermediate 2 (Grade 3-4)\*

B323A: a) An Rathad gu Loch nam Bairneas  
Arr. Eilidh Macleod  
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 3 mins.

#### Solo playing—Advanced (Grade 5)\*

B324: a) The Lochaber Gathering Arr. Ingrid Henderson  
b) Own choice piece of Gaelic music not to exceed 4 mins

#### Clàrsach Duet—under 13 yrs

B330: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

#### Clàrsach Duet—13 to 18 yrs

B330A: Own choice of a piece or set of pieces of Gaelic music, not to exceed 5 mins.

#### Recital Class—Grade 6 and above

B332: Open to any players of gut and/or wire harp. A well balanced 10 minute programme of own choice Gaelic music, to include spoken introductions in Gaelic or English by the competitor, who may include his/her own arrangements.

### • SENIOR COMPETITIONS (18 YEARS AND OVER)

#### Solo playing—Elementary

B325: a) Tha'n Samhradh air Tighinn Arr. Jean Campbell  
b) Own choice piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

#### Solo playing—Intermediate/Advanced

B326: a) Lochaber No More Arr. Isobel Mireas  
b) Own Choice Piece of Gaelic music. Not to exceed 3 mins.

#### Solo singing with self-accompaniment

B327: Own choice of two contrasting Gaelic songs with clàrsach accompaniment. Not to exceed 5 mins.

#### Clàrsach Duet

B333: Own choice of a piece or set of piece of Gaelic music. Not to exceed 5 mins.

### • OPEN COMPETITIONS

#### Composition Class

B329: An original composition in the Gaelic genre lasting between 3 and 5 minutes, for  
a) solo clàrsach in the style of a slow air, pipe march, strathspey, jig, reel or a set of tunes, or  
b) voice and clàrsach

In the case of a) competitors may perform their own work or provide a player.

In the case of b) competitors may perform their own work or provide a player and/or singer. A copy of the words (with translation) must be submitted to the Mod office. The quality of the composition will be judged—not the performance. Manuscripts are not required.

**Chìthean atharrachaidhean ri Earrainnean na bliadhna seò gu h-ìosal. Cumaibh sùil air an làrach-lìn againn gun fhios nach bidh fiosrachadh eile ann a thaobh na h-earrainnean ainmichte.**

**You can view changes and amendments to this year's prescribed pieces below. Keep an eye on our website for any further information regarding the prescribed pieces.**

**A300 (Sine Chaluim Bhàin)**

Bar 21, Soprano 2 – solfa should be **la la so so so**. Staff is correct.

**A304 (Ho-rò chan eil cadal orm)**

Bar 62, soprano 2 & altos – **an sporan** should be **a' sporan** as it is in Soprano 1.

**A306 (Tha fear am Beinn an t-Slocain Duibh/Cha tèid mise Mhùgarradh/'S ann a' dol a Ghrùlainn)**

Bar 5 & 6, Tenor – words as the Alto line

Bar 15 & 16, Bass – words are **Ah**\_\_\_\_\_

Bar 50, Tenor – should be the same as Soprano Bar 46 (G B B E E F# E - fa la la re re re mi re)

**A308 (Poca sil an t-sealgair/Nuair a bha mi'n cùl a' Bhealaich)**

Bar 61, Alto part, first note should be a **low D (so)**

Bar 84 & 88, Tenor part, 7<sup>th</sup> note should be a **high D (so)**

Arranged by **Padruig Mooney**, not Seumas McAdam

**C50**

Prescribed Piece "An Ròs" is given on Mòd CD. However, this competition is own choice and appears as own choice in the syllabus. Competitors can recite "An Ròs" if they wish.

**C71 (Balachan beag a' chuailein bhàin)**

Bar 16 Verse 1 **sònraichte** changes to **sònraicht'**

**C111 (Mo ghruagach dhonn)**

Bar 36 **sgriobhadh** changes to **treabhadh**

**C112 (Bàt' an Tàilleir/Rachainn a shuirghe air Oighrig/Buachaille dubh Fionnaghail)**

Bar 10 add **air** to the final note in the bar (E, la)

**A234—**Tha sinn air an òrain ainmichte airson an fharpais seo atharrachadh.

'S e '**Maighdean Loch nan Eala'** a th' ann an àite 'Eilean Cholla'.

Cuiribh fios gu [mairi@ancomunn.co.uk](mailto:mairi@ancomunn.co.uk) airson leth-bhreac den òran ùr fhaighinn.

**A234 –**Please note that we have changed the prescribed song for this competition.

It is now '**Maighdean Loch nan Eala'** instead of 'Eilean Cholla'.

Please contact [mairi@ancomunn.co.uk](mailto:mairi@ancomunn.co.uk) for a copy of this new song.

# Mòdan Ionadail

## Provincial Mòds

Seo na cinn-latha a tha againn gu ruige seo | Here are the dates we have received so far:

Sruighlea   Stirling	<b>12 &amp; 20 Cèitean   May 2017</b>	<a href="mailto:modshruighlea@gmail.com">modshruighlea@gmail.com</a>
Dun-Èideann   Edinburgh	<b>12—13 Cèitean   May 2017</b>	<a href="mailto:localmodedinburgh@gmail.com">localmodedinburgh@gmail.com</a>
Uibhist   Uist	<b>26—27 Cèitean   May 2017</b>	<a href="mailto:moduibhist@gmail.com">moduibhist@gmail.com</a>
Leòdhas   Lewis	<b>29 Cèitean—2 Ògmhios 2017</b> <b>29 May—2 June 2017</b>	<a href="mailto:peigi@ancomunn.co.uk">peigi@ancomunn.co.uk</a>
Skye   Eilean Sgitheanaich	<b>31 Cèitean—3 Ògmhios 2017</b> <b>31 May—3 June 2017</b>	<a href="mailto:maireadnicolson@btinternet.com">maireadnicolson@btinternet.com</a>
An t-Òban   Oban	<b>2—3 Ògmhios   June 2017</b>	<a href="mailto:moiradunlop@btinternet.com">moiradunlop@btinternet.com</a>
Cille Brìde an Ear   East Kilbride	<b>2—3 Ògmhios   June 2017</b>	<a href="mailto:catmacdonald292@btinternet.com">catmacdonald292@btinternet.com</a>
Na Hearadh   Harris	<b>8—9 Ògmhios   June 2017</b>	
Loch Abar   Lochaber	<b>9—10 Ògmhios   June 2017</b>	<a href="mailto:moirarobertson15@gmail.com">moirarobertson15@gmail.com</a>
Glaschu   Glasgow	<b>9—10 Ògmhios   June 2017</b>	<a href="mailto:glasgowmod@gmail.com">glasgowmod@gmail.com</a>
Obar Pheallaidh   Aberfeldy	<b>9—10 Ògmhios   June 2017</b>	<a href="mailto:pad.gaelicmod@gmail.com">pad.gaelicmod@gmail.com</a>
Àird nam Murchan   Ardnamurchan	<b>16 Ògmhios   June 2017</b>	
Inbhir Nis   Inverness	<b>16—17 Ògmhios   June 2017</b>	<a href="mailto:secretary@invernessprovincialmod.co.uk">secretary@invernessprovincialmod.co.uk</a>
Ìle   Islay	<b>2 Sultain   2 September 2017</b>	<a href="mailto:alisongrayislay@aol.co.uk">alisongrayislay@aol.co.uk</a>
An Dreòlluinn   Mull & Iona	<b>8—9 Sultain   September 2017</b>	<a href="mailto:mullmod@donnadugdale.co.uk">mullmod@donnadugdale.co.uk</a>
Barraigh   Barra	<b>30 Sultain   September 2017</b>	<a href="mailto:camuskellaig@gmail.com">camuskellaig@gmail.com</a>

## Mòd Ionadail Shruighlea | Stirling Provincial Mòd

Thèid Mòd Ionadail Shruighlea a chumail air an 12mh agus an 20mh den Chèitean.

**Am bidh sibh a' cluich na clàrsach?** Ma bhios, carson nach cuir sibh a-staigh airson Mòd Ionadail Shruighlea?

Tha Mòd Ionadail Shruighlea air farpais ùr a chruthachadh, Clàrsach aig ère adhartach. Le seo, tha ceann-latha ùr aca cuideachd. Feumaidh iarrtasan a bhith a-staigh ro **Dihaoine 7mh den Giblean**. Thèid na farpaisean seo a chumail air an 12mh còmhla ri farpaisean na fidhle agus farpaisean piobaireachd.

The Stirling Provincial Mòd will take place on the 12th and 20th of May.

**Do you play the clàrsach?** If so, why not enter the Stirling Provincial Mòd this year?

Stirling Provincial Mòd have added an Advanced Clarsach competition to their syllabus and have extended their closing date for entries as a result. Their new entry deadline is **Friday 7th April**. The clàrsach competitions will take place on the 12th along with the fiddle and piping competitions.

## Mòd Ionadail Ghlaschu | Glasgow Provincial Mòd

Thèid Mòd Ionadail Ghlaschu a chumail ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu air Dihaoine 9 Ògmhios (6-10f) agus Disathairne 10 Ògmhios (8.30m-4f) 2017.

Gheibh sibh clàr agus siostam air loidhne air làrach-lìn Mòd Ionadail Ghlaschu:

<http://glasgowmod.wixsite.com/glasgowlocalmod>

Thèid an ath choinneamh de Chomataidh Mòd Ionadail Ghlaschu a chumail air 20 Giblean aig 7f anns An Leanag, Partaig.

Nach toir sibh taic dha Mòd Ionadail Ghlaschu.

This year's Glasgow Provincial Mòd will take place in Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu on Friday 9th June (6pm - 10pm) & Saturday 10th June ( 8:30am- 4pm) 2017

Syllabus and online booking site can be found on the Glasgow Provincial Mod Website at:

<http://glasgowmod.wixsite.com/glasgowlocalmod>

The next meeting of the Glasgow Provincial Mod Committee is at 7pm, 20th April at An Leanag, Partick.

Please come and support your Glasgow Provincial Mòd.



## Mòd Ionadach na Dreoluinn | Mull Provincial Mòd

Foirmean iarrtas Mòd Ionadach na Dreoluinn rim faotainn a-nis.

Gheibh sibh clàr-obrach Mòd Ionadach na Dreoluinn a thèid a chumail air Dihaoine 8mh agus Disathairne 9mh Sultainn 2017 bhon làrach-lìn aca.

Faodaidh sibh iarrtas a chuir a-steach air loidhne no tron phost gu rùnaire a' Mhòid aca.

**Entries for this year's Mull Provincial Mòd are now open.**

*The syllabus for the Mull Provincial Mòd 2017 which takes place on Friday 8th and Saturday 9th September is now available on the Mull Provincial Mòd website.*

*You will be able to enter online or by sending a paper copy of the entry form to the Mòd secretary.*

Tuilleadh fiosrachadh bho | *More information can be found at:*

[www.mullmod.org.uk](http://www.mullmod.org.uk)

## Meur Inbhir Nis | Inverness Branch

Bu mhath le Meur Inbhir Nis taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a tha air taic a thoirt dhuinn aig na cuirmean Brot agus Milsean a bha againn air a gheamhradh sa chaidh. Thòisich sinn anns an Dàmhair agus tha fear air a bhith againn gach mìos suas chun a' Mhàirt.

Bha na làithean seo air leth soirbheachail chan ann a mhàin a thaobh togail airgid ach airson an cothrom a thoirt do Ghàidheil agus daoine aig am bheil uidh anns a' Ghàidhlig a bhi tighinn còmhla uair sa mhìos.

Bu mhath leinn taing a thoirt don a h-uile duine a bha tighinn a chuideachadh airson cuir air dòigh na togalaich, a deasachadh bèicearachd, brot agus mìlsean. Na daoine a thug dhuinn stuth airson an Tombola agus don t-Seann Eaglais Àrd an Inbhir Nis a tha a toirt dhuinn talla na h-Eaglaise. Mu dheireadh an taing as mothà a' dol chun h-uile duine a tha a' tighinn gach mìos airson taic a thoirt dhuinn airson airgead a thogail airson a Mhòd ionadail a bhitheas a' gabhail pàirt ann an Eden Court, Inbhir Nis air an 16/17mh Ògmhìos.

Mile taing dhuibh uile.



The Inverness Branch of An Comunn Gàidhealach would like to thank everyone who supported us at our Soup and Pudding lunches which were held in the winter months.

These events have been very successful, not only for fundraising for this year's Provincial Mòd but for giving Gaelic speakers and those interested in Gaelic culture the opportunity to meet each month.

We would like to thank everyone who came to help us set up the hall, helped with baking, soup and puddings; those who donated prizes for the Tombola; and the Old High Church in Inverness for letting us use their church hall. Finally, we would especially like to thank everybody for coming out every month to support us in raising money for the Inverness Provincial Mòd that takes place in Eden Court, Inverness on the 16th/17th June.

Many thanks to you all.

AN COMUNN GÀIDHEALACH -MEUR INBHIR NIS

## Ladies "Pamper" Night 2017 Old High Church, Academy St. Inverness

DIHAOINE 2IMH DEN GIBLEAN | FRIDAY 21ST APRIL 7.00PM-9.30PM

NAILS | HAIR | SHOULDER MASSAGE | EYEBROWS  
| WINE | SHORTBREAD & TABLET | TOMBOLA

ADMISSION £15

# Traill West

8.00f - 12.00m · Dihaoine 5 Cèitean

8.00pm - 12.00am · Friday 5 May

Club Sòisealta na Rèile, Inbhir Lòchaidh, An Gearasdan  
**The Railway Social Club, Inverlochy, Fort William**

Tiogaidean £12 (18+ a-mhàin): Moira: 01397 704846 | 07743110720

Tickets £12 (18+ only): Railway Club: 01397 702218

A' togail maoin do Mhòd Sgìreil  
Loch Abar le fior hòro-gheallaidh  
an cuideachd fear de na  
còmhlaing-chèilidh as beòthaile  
ann an Alba

Raising funds for the Lochaber  
Local Mòd with a proper West  
Coast knees-up in the  
company of one of Scotland's  
favourite ceilidh bands



Glaschu

Glasgow

 [Glasgow Provincial Mòd's Facebook](#)



Gallaibh

Caithness & Sutherland

 [Caithness & Sutherland Provincial Mod's Facebook](#)



Dùn Èideann

Edinburgh

 [Edinburgh Provincial Mòd's Facebook](#)



Clioc air na ceanglaichean  
airson na duilleagan aca  
fhaicinn

Click on the links to visit the  
social media  
pages



Sruighlea

Stirling

 [Stirling Provincial Mod's Facebook](#)

Uibhist

Uist

 [Uist Provincial Mod's Facebook](#)



Obar Pheallaidh

Aberfeldy

 [Aberfeldy Provincial Mod's Facebook](#)



Inbhir Nis

Inverness

 [Inverness Provincial Mod's Facebook](#)





Bha oidhche air leth againn air Disathairne 4 Màrt le Mànran, Tide Lines agus The Full Floor Cèilidh Band aig Ionad Nibheis sa Ghearsdan. Tha sinn air ar dòigh glan le cho soirbheachail sa bha an tachartas agus bu mhath leinn taing mhòr mhòr a thoirt do:

Sgioba-stiùiridh agus luchd-obrach aig Ionad Nibheis, na trì còmhlan air leth- Mànran, Tide Lines agus The Full Floor Cèilidh Band, na gniomhachasan agus na daoine a thug dhuinn duaisean airson an rafail, na daoine a reic tiocaidean rafail agus bathar agus, gu sònraichte, dhuibhse a thàinig ann agus a thug taic dhan tachartas.

Taing cuideachd do Sgioba Mòd Loch Abar 2017 ach gu sònraichte do Ann-Marie NicRàth, Neach-gairm a' Chomataidh a bhios a' togail airgid. Cha bhiodh e comasach dhuinn tachartas cho soirbheachail a chur air dòigh a h-aonais..

Thog sinn £8559!

We had an absolutely fantastic night on Saturday 4<sup>th</sup> March with Mànran, Tide Lines & The Full Floor Cèilidh Band at the Nevis Centre. We are overwhelmed by the success of the event and would like to extend our huge thanks to the following:

The Management and all the staff at the Nevis Centre, the 3 fantastic bands- Mànran, Tide Lines and the Full Floor Cèilidh Band, all of the businesses and individuals who donated prizes for our raffle and auction, those who took time out to sell raffle tickets and merchandise and especially to all of you who came along and supported this event.

A thanks also goes to the volunteers on the Mòd Loch Abar Local Organising Committee but especially to Ann-Marie MacRae, our Fundraising Convener. Without all of her hard work, we wouldn't have been able to pull off such a successful event.

We raised a phenomenal £8559!

## **Feumaidh sinn taic! We need you!**

Tha Comataidh Ionadail Mòd Loch Abar 2017 a' lorg luchd-cuideachaidh a tha deònach taic a thoirt mar stiùbhardan aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail san Dàmhair.

Thèid am Mòd a chumail 13-21 an Dàmhair am bliadhna.

Thèid fàilte air a h-uile duine fiù 's ged nach eil sibh saor ach airson leth-latha.

Ma tha ùidh agaibh ann a bhith nur stiùbhard, cuiribh fios gu:  
